Cuairt-Litir - An Samhradh

Comann nam Pàrant

Clàr Innse

Rò-ràdh	1
Na trath-bhliadhnaichean	2
SpeakGaelic	4
Rannsachadh air plana Gàidhlig	6
Làrach-Lìn Ùr – Tobar an Dualchais	7
Trath-Ionnsachaidh agus Cùram-Cloinne	8
Àireamhan de thisdearan	9
Foghlam Alba - Feis Ionnsachaidh na h-Alba	10
Cothroman Ùra aig E-Sgoil	11
Coinneamh Choiteachann Bhliadhna	12

Contents

Introduction	1
The Early Years	3
Speak Gaelic	5
Research on Gaelic Plan	6
New Website – Tobar an Dualchais	7
Early Learning and Childcare	8
Teacher Numbers	9
Education Scotland - Scottish Learning Festival	10
New Opportunities from E-Sgoil	11
AGM	12

Rò-ràdh

Fàilte gu Cuairt-litir an t-Samhraidh againn! Tha sinn an dòchas gun do chòrd saor-làithean an t-samhraidh ribh! Anns a' chuairt-litir seo, gheibh sibh fios air dè tha dol aig Comann nam Pàrant agus cuideachd dè eile a tha a' dol ann an saoghal na Gàidhlig. Tha Aithisg Bhliadhnail againn ri fhaighinn air an làrach-lìn an-dràsta far am faighear àrd-shealladh air an obair againn bhon bhliadhna a chaidh seachad.

Bha dragh air mòran phàrantan agus sgoiltean nach robh a' chlann a' faighinn uimhir de chothroman a bhith air am bogadh leis a' chànan ri linn a' ghalair-sgaoilte. Mar fhreagairt ris an t-suidheachadh, tha sgoiltean agus buidhnean Gàidhlig air a bhith uabhasach fhèin dripeil a' cur thachartasan air dòigh gus taic a chumail ri ar luchd-labhairt òga a' Ghàidhlig aca a thoirt gu ìre a-rithist. Tha sinn gu mòr air ar misneachadh a bhith a' faicinn uimhir de rudan a' dol agus mholamaid do theaghlaichean a dhol an sàs ann cho mòr as urrainn dhaibh ach am bi cothrom aig a' chloinn a bhith air an cuairteachadh leis a' chànan. Tha dragh ann an cuid a sgìrean seach nach eil uimhir theaghlaichean air clàradh airson FTMG; tha sinn ag obair còmhla ri buidhnean eile airson FTMG a bhrosnachadh. Tha taic ri faighinn bhuainn ma tha sibh ag iarraidh barrachd brosnachaidh a dhèanamh nur sgìre.

Tha sinn mothachail nach robh a h-uile buidheann a' ruith rè a' ghalair-sgaoilte, ach seach gu bheilear a-nis a' togail nam bacaidhean, tha sinn an dòchas gum faigh na buidhnean air tighinn cruinn còmhla a-rithist. Ma tha taic no stiùireadh a dhìth oirbh gus seo a dhèanamh, cuir brath gu: innes@cnag.org.

Introduction

Welcome to the Summer edition of our newsletter. We hope you are enjoying the summer holidays. In the newsletter we have given you an overview as to what is happening at Comann nam Pàrant along with other Gaelic news. Please share this information with anyone who may be interested. Our annual report is also available on our website where you can see an overview of our work during the last year.

Many parents and schools have been concerned about the decreased exposure to the language during the pandemic. Schools and Gaelic organisations have been busy organising events for GME youngsters to help their fluency levels recover. We are pleased to see the number of events being organised and we would encourage parents to take advantage of these to expose their children to as much Gaelic as possible. There is a concern is some areas about a drop in numbers enrolling in P1 GME. We are working with other agencies on GME promotion. We can also support local groups to do more localised promotion.

We are aware not all groups have been as active throughout the pandemic but with restrictions easing, we hope groups can reestablish and if any would like guidance or support to do so then please contact us: innes@cnag.org

Na Tràth-ìrean

Ann an co-bhann le Comunn na Gàidhlig agus Bòrd na Gàidhlig, tha sinn air leth toilichte a bhith aig stiùir a' phròiseict phìleit ùir gus roinn nan tràth-ìrean a leasachadh. Le taic-airgid bho Bhòrd na Gàidhlig , chaidh trì dreuchdan ùra a chruthachadh aig Comann nam Pàrant gus taic a chumail ri buidhnean nan tràth-ìrean - 1 Mhanaidsear/Oifigear Leasachaidh agus 2 Oifigear Leasachaidh.

'S iad na h-oifigearan ùra:

- Kirsteen Mhoireach à Baile Dhunlèibhe – Manaidsear is Oifigear Leasachaidh
- June Greumach à Steòrnabhagh – Oifigear Leasachaidh
- Anne Ramsay às na Hearadh – Oifigear Leasachaidh

Bidh na h-oifigearan a' cumail taic ri agus a' co-obrachadh le ùghdarrasan ionadail agus buidhnean fa-leth ann an corra dhiofar sgìre.

Thuirt Magaidh Wentworth, Stiùiriche Nàiseanta Comann nam Pàrant:

"Tha Comann nam Pàrant air leth toilichte gun d' fhuair sinn maoineachadh bho Bòrd na Gàidhlig, a bhios a' toirt cothrom dhuinn taic a chumail ri teaghlaichean le chlann òga. Tha sinn air sgioba le tòrr eòlas air an roinn obrach seo fhastadh agus tha sinn a' coimhead air adhart ri pàrantan is chlann a thoirt còmhla a-rithist às dèidh àm a th' air a bhith doirbh dha teaghlaichean."

Tha Comann nam Pàrant gu dlùth an sàs ann roinn nan tràth- ìrean, agus le maoineachadh na treas roinn bho Riaghaltas na h-Alba, tha sinn air taic a chumail ri buidhnean agus ri tachartasan thar iomadh bliadhna. Tha sinn an dùil a bhith a' leasachadh nan seirbheisean a tha ann mar-thà le bhith:

- A' cur air bhonn sgioba-taice airson nan tràth-ìrean gus teaghlaichean ùra a thàladh gu Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FTMG)
- A' neartachadh a' cheangail eadar a' Ghàidhlig agus an dachaigh; ach am bi cothrom aig clann an cànan a chleachdadh an dà chuid aig buidheann pàrant 's pàiste agus aig an taigh.
- A' leasachadh chomasan cànain aig aois òg
- A' neartachadh bhuidhnean a tha ann an-dràsta agus bhuidhnean ùra
- A' cruthachadh barrachd chothroman-ionnsachaidh do chloinn òga
- A' leasachadh iomairtean airson nan tràth-ìrean
- A' cur ri fàs agus comasan luchd-labhairt a' chànain

Tha an sgeama pìleit seo a' cur prìomhachas air foghlam nan tràth-ìrean – rudeigin a tha gach Oifigear Leasachaidh ùr ag aontachadh ris gu mòr.

Thuirt Kirsteen Mhoireach, Manaidsear is Oifigear Leasachaidh nan Tràth-Ìrean:

"Tha mi a' coimhead air adhart ri bhith ag obair le teaghlaichean anns na tràth-ìrean agus a' toirt taic dhaibh ag ionnsachadh Gàidhlig. Tha na tràth-ìrean cho cudromach ann am foghlam Gàidhlig agus tha fios againn gu bheil tòrr pàrantan ag iarraidh taic le goireasan agus cothroman an cànan a bhruidhinn."

Mairidh an sgeama pìleit seo bliadhna sa chiad dol a-mach ach le dùil gun tèid a leudachadh, mas e dòigh lìbhrigidh èifeachdach a th' ann airson Gàidhlig a bhrosnachadh sna tràth-ìrean.

Sgioba nan Trath-Bliadhnaichean

Early Year's Team

Early Years

Alongside Comunn na Gàidhlig (CnaG), and in partnership with Bòrd na Gàidhlig, we are very pleased to be leading on a pilot scheme to develop the Early Years. Three new positions have been created at Comann nam Pàrant, with funding from Bòrd na Gàidhlig, to assist early years groups – 1 Manager and 2 Development Officers.

The new officers are:
- Kirsteen Murray from Livingstone – Manager and Development Officer
- June Graham from Stornoway – Development Officer
- Anne Ramsay from Harris – Development Officer

Magaidh Wentworth, National Director of Comann nam Pàrant said:

"Comann nam Pàrant are incredibly grateful that we received funding, from Bòrd na Gàidhlig, that gives us the opportunity to aid families with young children. We have hired a knowledgeable team in this field, and we are looking forward to working with families again after a difficult year."

The officers will assist and work with local authorities and independent groups in a number of areas. Comann nam Pàrant are closely involved with the early years, and with third sector funding from Scottish Government have supported groups and activities for a number of years. We hope to build on the services already provided by:

- Establishing an early years assistance team to encourage new families into Gaelic Medium Education (GME)
- Creating a stronger relationship between Gaelic and the home; where children return home from an early years session and still hear and use Gaelic – to some level
- Developing Gaelic language skills at a young age
- Strengthening established and newly formed groups
- Creating more learning opportunities for children
- Developing early years initiatives
- Expanding the number and skills of Gaelic speakers

This pilot scheme makes early years education a priority – something the new Development Officers agree wholeheartedly on.

Kirsteen Murray, Early Years Education Manager and Development Officer said:

"I'm looking forward to be working with families and offering help to them during early years education. Early years education is incredibly important in Gaelic Medium Education, and we understand that many parents require help through resources and opportunities to speak the language."

This pilot scheme will last a year to begin with, with plans to extend the project if it proves to be an effective way to promote Gaelic in early years education.

Sgioba air fad aig Comann nam Pàrant / Full Comann nam Pàrant team

SpeakGaelic a’ tighinn san t-Sultain

Le taic bho Bhòrd na Gàidhlig

Gu h-àraid feumail airson phàrantan le clann am foghlam Gàidhlig, tha na goireasan ionnsachaidh ùra SpeakGaelic a’ tabhann frèam-obrach farsaing airson a' Ghàidhlig ionnsachadh thairis air TBh, iPlayer a’ BhBC, BBC Sounds, an eadar-lìon, clasaichean aghaidh ri aghaidh, YouTube, a thuilleadh air meadhanan sòisealta eile mar phàirt de dh'iomairt ùr inntinneach agus àrd-amasach.

‘S iad na preasantairean BBC agus na rionnagan meadhanan sòisealta Joy Dunlop agus Calum MacIlleathain a bhios aig cridhe na h-iomairt ionnsachaidh ùire, SpeakGaelic, a tha ag amas air daoine a thàladh chun a’ chànain.

Bidh am brannd ùr seo a’ tabhann cruth-atharrachadh cho chudromach ’s a th’ air a bhith ann airson cha mhòr deich air fhichead bliadhna, a thaobh ionnsachadh agus cleachdadh na Gàidhlig, agus thèid aire luchd-ionnsachaidh agus luchd-labhairt a tha nan inbhich a ghlacadh leis.

Bidh SpeakGaelic a’ tabhann do luchd-cleachdaidh an roghainn airson clasaichean aghaidh-ri-aghaidh, ionnsachadh fèin-stiùirichte, agus susbaint nam meadhanan tro fharsaingeachd de dh’ùrlaran – no gach fear dhiubh aig an aon àm. Chan eil an leithid de chothrom air a bhith aig daoine Gàidhlig a chleachdadh agus ionnsachadh a-cheana. A bharrachd air fìor luchd-tòiseachaidh, bidh SpeakGaelic ag amas air luchd-labhairt a tha air an cànan a chall, agus luchd-labhairt le cion- mhisneachd an cuid Gàidhlig a chleachdadh le misneachd.

Thèid SpeakGaelic a lìbhrigeadh leis a’ bhuidheann meadhanan MG ALBA, le Sabhal Mòr Ostaig, Ionad Nàiseanta Cànan is Cultar na Gàidhlig air an Eilean Sgitheanach mar a’ phrìomh chom-pàirtiche acadaimigeach, agus am BBC mar riochdaire an t-susbaint meadhanan.

Thèid SpeakGaelic a chur air bhog 10 Sultain – airson tuilleadh fiosrachaidh agus airson clàradh an àrd, faic SpeakGaelic.scot

Speak Gaelic to launch in September

With support from Bòrd na Gàidhlig

Perfect for parents with children in Gaelic education, SpeakGaelic's exciting and ambitious new Gaelic learning resources will provide a comprehensive framework for Gaelic language learning across TV, iPlayer, BBC Sounds, web, face-to-face classes, YouTube and other social media to attract and inspire learners and speakers.

BBC presenters and social media stars, Joy Dunlop and Calum Maclean are to lead the new language learning initiative aiming to transform take-up of the language.

This new brand will offer the most significant transformational change to learning and using Gaelic in almost thirty years and is set to be a focal point for adult learners and speakers.

SpeakGaelic will offer users the option of face-to-face classes, self-guided online learning, and media content through a variety of platforms – or all three at the same time. It will never have been easier to learn and use Gaelic. As well as complete beginners, SpeakGaelic will be aimed at enabling lapsed or less confident speakers to use their Gaelic with confidence.

SpeakGaelic will be delivered by media organisation MG ALBA, with Sabhal Mòr Ostaig, the National Centre for Gaelic Language and Culture in Skye as lead academic partner, and the BBC as media content provider.

SpeakGaelic will be launched on 10 September - For more information, and to sign-up today, visit
SpeakGaelic.scot

Speak Gaelic

BnaG – rannsachadh air plana Gàidhlig

Mar phàirt dhen ath Phlana Nàiseanta, chùm Bòrd na Gàidhlig co-chomhairleachadh air-loidhne airson bruidhinn mu na tha an dàn don Ghàidhlig sam àm ri teachd. Ann an co-rèir ri amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig tha ann an-dràsta, tha Bòrd na Gàidhlig airson dèanamh cinnteach gum bi an taic a bheirear seachad a thaobh ionnsachadh, cleachdadh agus brosnachadh a' chànain buadhmhor agus gum bi i air a leudachadh. Chaidh coinneamhan fa-leth a chumail airson gach coimhearsnachd ach an deigheadh aca air còmhraidhean nas cuimsiche a dhèanamh. Chaidh còmhraidhean a dhèanamh am measg choimhearsnachdan sna h-Eileanan, choimhearsnachdan ann an sgìrean iomallach, choimhearsnachdan sna bailtean-mòra, am measg na h-òigridh agus chaidh seisean a chumail sa Bheurla cuideachd. Bha sinn toilichte fhaicinn gun deach uimhir de phàrantan chun nan coinneamhan. Tha sinn a' dèanamh toileachais ris a' cho-chomhairleachadh seo, agus tha sinn an dòchas gum bi e na chuideachadh do Bhòrd na Gàidhlig le bhith a' sgrìobhadh an ath Phlana Nàiseanta a thèid fhoillseachadh ann an 2023.

Gàidhlig

BnaG – research on Gaelic Plan

As part of the next National Gaelic Plan, Bòrd na Gàidhlig held an online consultation to discuss the future of Gaelic. In line with the objectives in the current National Gaelic Language Plan, BnG is looking to ensure that the impact of support for opportunities to use, learn and promote the language is maximised. Each meeting was targeted for a different community to enable more focussed discussion. There was a discussion for Gaelic Speakers living in the islands and rural area, for those living in cities, for the online community, for youngsters and also a session conducted in English. We were pleased that a good representation of parents attended the meetings. We welcome this consultation, and we hope that it will be of assistance to Bòrd na Gàidhlig when writing the new National Gaelic Plan which is due for publication in 2023.

Tobar an Dualchais - làrach-lìn ùr

Tobar an Dualchais - New Website

Tha Tobar an Dualchais (TAD) air làrach-lìn ùr a chur air bhog agus am measg na rudan a tha ùr, tha: tar-sgrìobhaidhean de cuid de na clàraidhean Gàidhlig; dealbhan agus eachdraidhean-beatha de chuid de na daoine as iomraitiche a tha a' nochdadh air an làraich-lìn; blogaichean; agus goireasan Gàidhlig do sgoiltean agus sgoiltean-àraich.

Tha an goireas 'Seinnibh Còmhla Rinn' freagarrach do chloinn òig suas gu Clas 3/4 aig ìre bhun-sgoil. Chaidh 20 òrain is rannan do chloinn a thaghadh agus cluinnidh daoine an da chuid clàraidhean tùsail bhon làraich agus dreach de na h-òrain a chaidh an clàradh le sgoilearan. Tha na faclan ri fhaotainn aig bonn gach òran agus tha faclan nan òran air fad ri fhaighinn mar fhaidhle pdf.
https://www.tobarandualchais.co.uk/songs?l=gd

Chaidh 25 leasanan a chruthachadh do dh'fhileantaich san àrd-sgoil. Chaidh na clàraidhean a thaghadh le taic bho thidsearan agus chaidh stuthan taic a dhèanamh dhaibh. Tha an clàradh tùsail agus tàr-sgrìobhadh ann airson a h-uile clàradh, agus tha bhidiothan an cois 10 dhiubh. Tha na clàraidhean bho dhiofar sgìrean agus air diofar chuspairean.
https://www.tobarandualchais.co.uk/secondary-subjects?l=gd

Air sgàth 's gu bheil cha mhòr 46,000 air an làraich-lìn, chaidh clàraidhean a thaghadh airson diofar chuspairean agus aig diofar ìrean den bhun-sgoil agus àrd-sgoil. Chaidh na cuspairean a thaghadh às dèidh chòmhraidhean ri tidsearan. Am measg nan cuspairean, tha: Eòin is Ainmhidhean; Caistealan is Cinnidhean; A' Chiad Chogadh; agus Fuadaichean is Eilthireachd.
https://www.tobarandualchais.co.uk/selected-subjects?l=gd

TOBAR AN DUALCHAIS

KIST O RICHES



Tobar an Dualchais/Kist o Riches (TAD) has launched a new website with new features which include: transcriptions of some of the Gaelic recordings; photographs and detailed biographies of some of the best-known contributors and fieldworkers; blog posts; and Gaelic-medium resources for schools and nurseries.

The 'Seinnibh Còmhla Rinn' (Sing With Us) materials are suitable for young children up to mid primary level. Twenty Gaelic songs and rhymes were chosen from the website and people can hear the original versions, along with new versions recorded by schoolchildren. The song lyrics are available at the bottom of each song page and there is also a pdf file with all of the song lyrics.
https://www.tobarandualchais.co.uk/songs

Twenty five lesson have been developed for fluent Gaelic speakers at upper secondary school level, based on stories and information from the website. These recordings were chosen in consultation with secondary school teachers and support materials were developed. The original recording and a transcription is included in each lesson, and 10 of the lessons have videos in which the stories are re-told. The original stories are told by contributors from different geographical areas and on a variety of subjects.
https://www.tobarandualchais.co.uk/secondary-subjects

With thousands of recordings on the website, we thought it would be helpful to select recordings on different subjects and across different primary and secondary school levels. The subjects on the website were selected in consultation with teachers and include the following subjects: Birds and Animals; Castles and Clans; The First World War; and Clearances and Emigration.
https://www.tobarandualchais.co.uk/selected-subjects

Tràth-ionnsachadh agus Cùram-chloinne

Bhon Lùnastal a-mach am-bliadhna, bidh còir aig a h-uile pàiste aois trì agus ceithir - agus cuid a phàistean dà bhliadhna dh'aois - air 1,140 uair a thìde de sholar tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne an-asgaidh.

Gus taic a chumail ris an leudachadh seo, tha Riaghaltas na h-Alba air an Stiùireadh Reachdail air Tràth-ionnsachadh agus Cùram-chloinne ùrachadh. Thèid an stiùireadh reachdail ùr a chur an gnìomh bho 1 Lùnastal 2021. Early learning and childcare: statutory guidance - July 2021 - www.gov.scot

Rinneadh soilleir anns an stiùireadh nach eil dleastanas air ùghdarrasan ionadail solar tràth-ionnsachaidh no cùram-chloinne a thoirt seachad ann an Gàidhlig (ged a tha Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig na phàirt stèidhichte de shiostam fhoghlaim na h-Alba bho aois 3 gu 18); "Faodar solar tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne a thoirt seachad ann an Gàidhlig. Chan eil dleastanas air ùghdarrasan foghlaim solar tràth-ionnsachaidh no cùram-chloinne a thoirt seachad, ach faodaidh iad, ma thogras iad."

Tha e air a bhith aithnichte bho chionn bhliadhnaichean cho cudromach 's a tha tràth-ionnsachadh, agus gu h-àraidh do chloinn ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a tha à dachannan gun Ghàidhlig. Ma tha inbhe co-ionnan a bhith ann aig FMG agus FTB, feum na h-aon còraichean a bhith aig na pàrantan a th' anns am FMG a tha aig pàrantan ann an FTB.

Anns an Stiùireadh Reachdail a chaidh fhoillseachadh ann an 2016, thuirteadh, "San am ri teachd, 's docha gun toir Ministearan na h-Alba, tro riaghailtean, riatanas a-steach far am feum ughdarrasan foghlaim dèiligeadh ri tagradh bho phàrant airson measadh gus faicinn a bheil FBG a dhith mar thagradh gus measadh a dhèanamh gus faicinn a bheil FtG a dhith aig ìre tràth-ionnsachaidh agus a thaobh cùraim-chloinne. Nan deigheadh na riaghailtean sin a chur an gnìomh, chuidicheadh e le bhith dèanamh cinnteach gum biodh FtG aig ìre tràth-ionnsachaidh agus seirbheisean cùram-chloinne na Gàidhlig agus FBG ag obair còmhla gus an biodh leantalachd ann am foghlam bogaidh na cloinne."

'S e seo an t-àm sùil às ùr a thoirt air an Stiùireadh airson Foghlam Gàidhlig 's earrannan mu thràth-ionnsachadh agus chùram-chloinn a chur ann cuideachd. Le bhith a' toirt sùil air a-rithist, bheireadh e dhuinn an cothrom sgrùdadh a dhèanamh air cho èifeachdach 's a tha am pròiseas do phàrantan a tha ag iarradh iarrtas a chur a-steach airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus ùrachadh a dhèanamh air diofar eileamaidean dhen sgrìobhainn, mar as iomchaidh.

Early Learning and Childcare

From this August there is a statutory entitlement of 1,140 hours of funded early learning and childcare for all three- and four-year-olds and eligible two-year-olds.

In support of this expansion Scottish Government have published updated Early Learning and Childcare (ELC) Statutory Guidance. This statutory guidance applies from 1 August 2021 and replaces previous guidance. Early learning and childcare: statutory guidance - July 2021 - www.gov.scot

The guidance makes it very clear that local authorities have no obligation to provide early learning and childcare in Gaelic (although Gaelic medium education (GME) is an established part of the 3-18 Scottish Education system), stating "Early learning and childcare can be provided through the medium of Gaelic. There are no duties on education authorities to provide Gaelic early learning and childcare but they may do so."

The importance of early learning has been recognised for many years, and especially so in Gaelic medium education for children who are not from a Gaelic speaking home situation. If GME is to have equal status with English medium education (EME) parents must have the same entitlements in GME as those granted to families in EME.

Statutory Guidance on Gaelic education published in 2016 states "In the future, the Scottish Ministers may, by regulations, require an education authority to treat a parental request to assess the need for GMPE in its area as a request to assess the need for GME at the level of early learning and childcare. If such regulations are made, it would help to ensure that GME provision at the level of early learning and childcare and GMPE (i.e. GME in primary schools) complement each other, providing continuity in a child's language immersion"

Now would seem to be an appropriate time to review the Guidance on Gaelic Education to include early learning and childcare. Such a review would also present an opportunity to assess the efficacy of the process as laid down in the guidance for parental requests for Gaelic medium education and update other aspects of the document as appropriate.

Uimhir de thidsearan ùra

Chìthear anns a' chlàr gu h-ìosal an uimhir de thidsearan ùra a bhios a' tòiseachadh san t-seòmar-theagaisg san Lùnastal. Bha a' bhliadhna a dh'fhalbh na fhìor dhùbhlan an dà chuid do na h-oileanaich agus do na h-oilthighean fhèin a bhios a' lìbhrigeadh chùrsaichean teagaisg, ach tha sinn air ar dòigh a bhith a' faicinn na h-uimhir de thidsearan ùra.

Number of Newly Qualified Teachers

The table below is of Newly Qualified Teachers who will be starting teaching in August. It has been a difficult year for the students and the universities who were delivering the teaching courses and we are pleased to see this number of new teachers.

Ìre/Level	**Àireamh/Number**
Bun-Sgoil / Primary NQT	16
Àrd-Sgoil Gàidhlig / Gaelic Secondary NQT	4
Àrd-Sgoil (Cuspairean) / Gaelic Secondary Subjects NQT	6

Tha iomadh slighe ann a dh'fhaodadh tu a ghabhail airson faighinn a-steach gu teagasg ann an Gàidhlig, co-dhiù tha thu fileanta no aig toiseach-tòiseachaidh a' chànain. Tha cùrsaichean PGDE ann a mhaireas aon bhliadhna a-mhàin aig Oilthigh Srath Chluaidh agus Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean. Tha cùrsaichean-ceuma a mhaireas 4/5 bliadhna aig Sabhal Mòr Ostaig (UHI), Oilthigh Dhùn Èideann agus Oilthigh Srath Chluaidh. Airson tuilleadh fiosrachaidh, faic an duilleag aig GTCS 'A bheil thu airson teagasg sa Ghàidhlig?'

There are several routes into Gaelic teaching, both for fluent speakers and complete beginners. There are 1 year PGDE courses available at Strathclyde University, University of the Highlands & Islands. 4/5 year degree courses are available at Sabhal Mòr Ostaig (UHI), Edinburgh University & Strathclyde University. For more information please see GTCS's 'So you want to teach in Gaelic'

Foghlam Alba - Fèis Ionnsachaidh na h-Alba

Tha Fèis Ionnsachaidh na h-Alba air ais airson 2021!

Thèid Fèis Ionnsachaidh na h-Alba a chumail eadar Dimàirt 21 Sultain agus Diardaoin 23 Sultain, agus 's e cuspair na bliadhna *'Renew, Refresh, Re-imagine!: Learning from our experiences and looking to the future'*.

Bidh cothrom aig com-pàirtichean a dhol an sàs anns a' cho-labhairt le bhith a' frithealadh caochladh de sheiseanan air-loidhne a bhios beò agus sheiseanan a bhios air an clàradh ro-làimh, agus gheibh iad cuideachd cothrom a thighinn cruinn còmhla agus ceanglaichean a thogail le co-obraichean anns an àite-chruinneachaidh air-loidhne againn; rud ùr dha SLF!

Cha chosg e sìon a thighinn gu Fèis Ionnsachaidh na h-Alba, agus chaidh susbaint a' cho-labhairt a leasachadh airson taic a chumail ri Ionnsachadh proifeasanta fad dreuchd, a' cuideachadh le bhith a' cumail dòighean-obrach proifeasanta ùr agus freagarrach.

Airson barrachd fiosrachaidh agus stiùireadh airson clàradh, tadhail https://slf2021.com/

Education Scotland - Scotland Learning Festival

The Scottish Learning Festival is back for 2021!

The Scottish Learning Festival (SLF) is taking place on Tuesday 21 September until Thursday 23 September 2021 and the theme for this year's event is, '*Renew, Refresh, Re-imagine: Learning from our experiences and looking to the future*'

Learning from our experiences and looking to the future. Delegates will be able to enjoy the three-day conference through a range of live and recorded sessions and find a space to network with colleagues in a fantastic digital arena; a first for SLF!

SLF is free to attend, and the conference programme is developed to support career long professional learning, helping to keep professional practice fresh, up-to-date and relevant.

For further details and instructions for registration visit https://slf2021.com/

Education Scotland
Foghlam Alba

Cothroman Ùra aig E-Sgoil

Tha e-sgoil air fhoillseachadh na cùrsaichean tro mheadhan na Gàidhlig a tha iad a' tabhainn am bliadhna (2021/22). Tha trì seòrsaichean de chlas ann:

- cùrsaichean fad bliadhna a leanas clàr-ama acadaimigeach. Tha cothrom air teisteanas SQA an lùib theisteanasan aig Àrd-ìrean
- cùrsaichean goirid, mar as trice le clas gach seachdain thairis air 6 seachdainnean
- seiseanan fa leth (ach a rèir iarrtais faodar a dhol an lùib iomadh seisean

Bidh iad a' tabhainn chùrsaichean aig diofar ìrean agus tha cuspairean gu leòr aca a-nis ri fhaotainn.

- Gàidhlig
- Ceòl
- Ealan
- Eachdraidh
- Saidheanas
- Spàinntis
- Dràma

Bidh a' mhòr-chuid de sheiseanan airson clas gu lèir. 'S e an tidsear-clas a bu chòir clàradh air an son. Airson na cùrsaichean air fad fhaicinn agus airson barrachd fiosrachaidh air clàradh, bheireadh sùil air a' bhileag ùr aca. cothrom.pdf (e-sgoil.com)

New Opportunities from E-Sgoil

E-Sgoil have released the Gaelic Medium Courses that they will be offering this year (2021/22) There are three types of classes:

- Year-long courses which follow the academic timetable. Senior Phase courses offer SQA accreditation
- Short courses, normally with a class a week over a six-week period
- One-off sessions (but depending on demand you are welcome to register for several sessions).

They will be offering courses at different levels with a range of subjects now available. These include,

- Gaelic
- Music
- Art
- History
- Science
- Spanish
- Drama

Most of the sessions are aimed at complete classes. The lead teacher should register for these. To see all the courses and for more information on registration, go to their new brochure which has full details. cothrom.pdf (e-sgoil.com)

Coinneamh Choitcheann Bhliadhnail (CCB)

Chaidh a' Choinneamh Choitcheann Bhliadhnail aig Comann nam Pàrant a chumail sa Chèitean. B' e seo an dàrna CCB a chumadh air-loidhne 's na coinneamhan comataidh air fad a-nis air-loidhne cuideachd. Tha a' chomataidh air gabhail ris an t-suidheachadh ùr seo gu math agus bidh tomhas mòr an làthair aig na coinneamhan bho air feadh na dùthcha. Tha a' chomataidh againn air a bhith trang a' coinneachadh ris na prìomhan bhuidhnean a tha an sàs ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig. Tha a' Chomataidh Nàiseanta airson buidheachas a thoirt do Bhòrd na Gàidhlig airson na taice a fhuair iad, agus a gheibh iad. Tha e air a bhith na bhuannachd oifigear bhon Bhòrd a bhith a' coinneachadh ri buill agus luchd-dreuchd na comataidh, agus gu dearbh tha seo air piseach nach beag a thoirt air a' chonaltradh agus air a' cho-obrachadh eadar Comann nam Pàrant agus Bòrd na Gàidhlig. Bu mhath leinn buidheachas a thoirt don chomataidh fhèin airson na saothrach ionmholta a bhios iad a' dèanamh gus guthan phàrantan a riochdachadh aig ìre ionadail agus aig ìre nàiseanta. Seo ball comataidh againn airson bliadhna 2021/22:

Eilidh NicFhionghain - Cathraiche
Fiona Stephens – Iar-chathraiche
Gill Steele – Rùnaire
Marsaili Dow – Ionmhasair
Buill Choitcheann
Fiona Heatlie
Isabel Taylor
Sorcha O' Carroll
Claire Wilding
Paul Smith
Evelyn Coull
Sarah Thomas

Annual General Meeting (AGM)

In May we held our Comann nam Pàrant AGM. This is the 2nd AGM to have been held online with all the committee meetings now online also. The committee have adapted to this very well and there is a good attendance at the meetings from across the country. Our committee have been busy continuing their meetings with the main stakeholders in GME. The national committee are very grateful to have support from Bòrd na Gàidhlig and find it very beneficial having good communication with a representative present at our committee meetings as well as regular meetings between officers and committee office bearers.. We would like to thank our committee for all their hard work they have been doing to represent parents' voice locally and nationally. Our current committee members are:

Eilidh MacKinnon - Chair
Fiona Stephens - Vice-Chair
Gill Steele – Secretary
Marsaili Dow – Treasurer
Ordinary Members
Fiona Heatlie
Isabel Taylor
Sorcha O' Carroll
Claire Wilding
Paul Smith
Evelyn Coull
Sarah Thomas

A bheil sibh gan leantainn air na Meadhanan Sòisealta? Cliog air na suaicheantasan gu h-ìosal.
Are you following us on Social Media? Click on the icons below.

Comann nam Pàrant www.parant.org.uk
5 Caolshràid Mhìcheil | Inbhir Nis | IV2 3HQ | Fòn: 01463 234138 | Facs: 01463 237470 | Fòn-làimhe: 07771834481
5 Mitchell Lane | Inverness | IV2 3HQ | Tel: 01463 234138 | Fax: 01463 237470 | Mobile: 07771834481